

BM-14: Biadh, deoch agus ithe

Food, drink and eating

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



ÌRE: **Bunaiteach-Meadhanach**
CUSPAIR: **Biadh, deoch agus ithe**
PUINGEAN CÀNAIN: **Ainmear Gnìomhaireach agus Ainmear Boireann**

LEVEL: **Beginner-Intermediate**
TOPIC: **Food, drink and eating**
LINGUISTIC POINTS: **Verbal nouns + Feminine nouns**

SEUMAS:

Taigeis, buntàta agus snèap. Bidh thu a' bruich a h-uile càil, a' pronnadh a' bhuntàta agus a' pronnadh na snèip. Agus sin e. Sin agad biadh nàiseanta na h-Alba, a bha a' còrdadh cho math ris a' bhàrd nàiseanta, Raibeart Burns.

Chan e facal snog a th' ann an taigeis. Chan eil na tha na broinn uabhasach tlachdmhor - pìosan cridhe, adha agus sgamhain. Ach, mura bi thu a' smaoinichadh air an sin, tha i glè bhlasta. Cuideachd, dh'fhaodadh biadh nàiseanta eadar-dhealaichte a bhith againn. Dh'ith an fheadhainn a chruinnich aig a' chiad Suipeir Burns ceann caorach.

Taigeis, bàrdachd, uisge-beatha agus a' phìob mhòr - sin an t-suipeir air a bheil sinn eòlach an-diugh, le còcaire a' giùlan na taigeis, cuideigin a' cluiche na pìoba agus daoine ag aithris na bàrdachd. Tha sinn a' gabhail ris gur e taigeis - neo a' mharag Ghallda mar a chanas cuid - am biadh nàiseanta againn. Gheibh thu fiù 's i anns na bùithtean èisg is shlisneagan.

SEUMAS (JAMES):

Haggis, neeps and tatties (potato and turnip!). You cook everything, mash the potatoes and mash the neeps. And that's it. That's the national dish of Scotland, which Robert Burns, our national poet, enjoyed so much.

Haggis isn't a very nice word. The things it's made from aren't very appealing - pieces of heart, liver and lungs. But, if you don't think about that, it is very tasty. We might also have had a completely different national dish. The guests at the very first Burns Supper ate a sheep's head.

Haggis, poetry, whisky and the bagpipes - that's the supper we're all familiar with these days, with a chef carrying the haggis, someone playing the bagpipes and people reciting the poetry. We acknowledge that haggis - or the Lowland pudding as some call it - is our national dish. You can even buy it in fish and chip shops.

BM-14: Biadh, deoch agus ithe

Food, drink and eating

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



SEUMAS:

Ach, dè nam biodh againn ri biadh nàiseanta ùr a thaghadh? Dè bhiodh ann? Marag eile 's dòcha - marag dhubh Steòrnabhaigh. A' mharag dhubh, measgachadh de mhin-choirce, geir, spìosraidh agus fuil ann an craiceann no - nas trice an-diugh - plastaig. Mmm... Mo mhionnan, tha i math... ach tha e nas fheàrr gun a bhith ag ithe na plastaig. Tha maragan dubha eil ann, ach 's e marag dhubh Steòrnabhaigh an tè as ainmeile, agus am beachd mòrain, an tè as blasta. Carson? Tha bùidsearan Leòdhais a' cumail sin aca fhèin.

Am bradan - sin biadh a tha math agus Albannach. No dè mu dheidhinn "smokies" Obar Bhrothaig? Adag a tha sin. Bidh iad a' smocadh na h-adaig nan dòigh fhèin. Tha deagh ainm aig feòil-mhairt na h-Alba agus bithear a' reic na feòla air feadh an t-saoghail.

Bidh cuid a' fanaid is iad ag ràdh gur e "Mars Bar" air a fhraidhigeadh am biadh as fheàrr le Albannaich. Chan fhaca mi fhìn a-riamh e, agus tha mi an dòchas nach fhaic. 'S dòcha gum biodh curaidh freagarrach. 'S caomh leis a h-uile duine curaidh. Cha bhuin e dhan dùthaich seo bho thùs, ach tha beachd ann gu bheil an aon rud fìor mun taigeis. No, dh'fhaodadh sinn a dhol air ais gu ceann caorach, an rud a bha iad ag ithe aig a' chiad Suipeir Burns. Ach, càite am faigheadh tu ceann caorach le slisneagan?

Sin e. Bheir sinn sùil air cuid dhe na facail a chleachd mi.

Snèap. Snèap.

Bidh thu a' bruich a h-uile càil, a' pronnadh a' bhuntàta agus a' pronnadh na snèip.

SEUMAS (JAMES):

But what if we had to choose a new national dish? What would it be? Perhaps another pudding - Stornoway black pudding. The black pudding, a blend of oatmeal, dripping, spices and blood in skin - or more commonly nowadays - plastic. Mmm ... I swear, it's delicious ... but it's better if you don't eat the plastic. There are other black puddings, but Stornoway black pudding is the most renowned, and in the opinion of many people, the best-tasting. Why? The butchers of Lewis keep that to themselves.

The salmon - that's good food and Scottish. Or what about Arbroath "smokies"? That's a haddock. They smoke the haddock in their own way. Scottish beef has a good reputation and the meat is sold all around the world.

Some people mock and say that a deep-fried "Mars Bar" is the most popular food in Scotland. I have never seen one, and I hope I never do. Perhaps curry would be a suitable dish. Everyone likes a curry. It doesn't originally come from this country, but there's a theory that the same is true of haggis. Or we could go back to the sheep's head, the dish they ate at the first Burns Supper. But where would you get sheep's head and chips?

That's it. Let's take a look at some of the words I used.

Neeps. Neeps.

You cook everything, mash the potatoes and mash the neeps.

BM-14: Biadh, deoch agus ithe

Food, drink and eating

Presenter: Seumas Dòmhnallach (James MacDonald)



SEUMAS:

Taigeis. Taigeis.

Còcaire a' giùlan na taigeis.

Pìob. Pìob.

Cuideigin a' cluiche na pìoba.

Bàrdachd. Bàrdachd.

Daoine ag aithris na bàrdachd.

Plastaig. Plastaig.

Mo mhionnan, tha i math... ach tha e nas fheàrr gun a bhith ag ithe na plastaig.

Adag. Adag.

Adag a tha sin.

Bidh iad a' smocadh na h-adaig nan dòigh fhèin.

Feòil. Feòil.

Tha deagh ainm aig feòil-mhairt na h-Alba agus bithear a' reic na feòla air feadh an t-saoghail.

Sin e ma-thà. Mar sin leat an-dràsta.

SEUMAS (JAMES):

Haggis. Haggis.

A cook carrying the haggis.

Bagpipes. Bagpipes.

Someone playing the bagpipes.

Poetry. Poetry.

People reciting the poetry.

Plastic. Plastic.

I swear, it's delicious ... but it's better if you don't eat the plastic.

Haddock. Haddock.

That's a haddock.

They smoke the haddock in their own way.

Meat. Meat.

Scottish beef has a good reputation and the meat is sold all around the world.

That's it, then. Goodbye for now.